

GNÌOMHAN IONNSACHAIDH & SLATAN-TOMHAIS AIRSON MEASADH

Is urrainn dhomh aithisg phaipear naidheachd a chruthachadh agus mìneachadh a thoirt seachad air na phrìomh thachartasan ann am beatha Mhic an t-Strònaich:

Bu chòir gum biodh na leanas anns an aithisg:

- Ceann naidheachd
- Cò a bh' ann?
- Cuin a ghabh na tachartasan àite?
- Dè thachair?
- Dè thachair aig àm a' bhàis?
- Fiosrachadh sam bith eile a bhiodh iomchaidh.

Is urrainn dhomh sgeulachd chruthachail a sgrìobhadh mu dheidhinn an là a choinnich thu fhèin ri Mac an t-Strònaich:

- Mìnich càit an do choinnich thu ris, agus dè bha thu a' dèanamh?
- Dè thachair nuair a choinnich thu ris?
- Dè thachair as dèidh dhut coinneachadh ris?
- Feumaidh toiseach, meadhan agus deireadh soilleir a bhith air an sgeulachd.

Is urrainn dhomh atharrachaidhean a dhèanamh air dealbh-chluiche gus mo bheachdan, smuaintean agus faireachdainn fhìn a chur an cèill.

- Atharraich an dealbh-chluich a leanas. Duilleag 6 <http://e-storas.com/resources/macantsronaich/mac-an-t-sronaich-workbook.pdf>
- Gabh a-steach cuid den fhiosrachadh a tha agad fhèin mu Mhic an t-Strònaich.
- Lùghdaich no meudaich an àireamh de charactaran anns an dealbh-chluich.
- Sgrìobh pìos goirid a' mìneachadh an dealbh-chluich.
- Dèan obair ullachaidh agus dèan taisbeanadh den dealbh-chluich air beulaibh do chlas no an sgoil.

CEISTEAN ÈIFEACHDACH AIRSON SGILEAN SMAOINEACHAIDH A LEUDACHADH

Carson a tha thu a' smaoinichadh a rinn Mac an t-Strònaich an sgrios a bha seo?

Saoil carson a bha eagal aige bho choin agus taibhsean?

A bheil thu den bheachd gu bheil taibhsean dha-rìreabh ann?

Nam biodh Mac an t-Strònaich beò an-diugh ann an Leòdhas dè bhiodh air tachairt dha?

Carson a tha daoine air barrachd a chur ri na sgeulachdan mu Mhic an t-Strònaich?

CEANGLAICHEAN/ GOIREASAN

<http://www.stornowaygazette.co.uk/news/lewis-most-infamous-out-law-mac-an-stronaich-1-4043573>

http://www.heraldscotland.com/news/12125180.More_interesting_than_a_mere_serial_killer/

<http://filmg.co.uk/en/films/457/>

<http://www.tolsta.info/index.php/timeline/19-pre-1900/36-mac-an-t-sronaich>

<http://www.hebrideanconnections.com/subjects/8945>

<http://e-storas.com/resources/macantsronaich/mac-an-t-sronaich-workbook.pdf>

EÒLASAN IS BUILEAN

Tha mi a' smaoinichadh air a' bhuidh a bhios aig cruth agus coltas an teacsa agus 's urrainn dhomh stoidhlichean litreach, grafaigs agus feartan eile a chur an lùib a chèile airson an sgrìobhadh a dhèanamh tarraingeach dom leughadair.
LIT 2-24a

'S urrainn dhomh mo notaichean is seòrsaichean sgrìobhaidh eile a chleachdadh airson mo chuideachadh gus fiosrachadh agus smuaintean a thuigsinn, ceistean a rannsachadh, co-dhùnaidhean a dhèanamh, bun-bheachdan a chur ri chèile is a thoirt air adhart, no teacsa ùr a chruthachadh.
Tha mi mothachail gum feum mi na goireasan san d'fhuair mi am fiosrachadh agam ainmeachadh agus 's urrainn dhomh seo a dhèanamh gu h-iomchaidh.
LIT 2-25a

'S urrainn dhomh fiosrachadh a thoirt seachad, cunntas a thoirt air tachartasan, pròiseasan a mhìneachadh no smuaintean a chur còmhla ann an diofar dhòighean.
LIT 2-28a

'S urrainn dhomh taghadh prìomh agus dàrna stòrasan airson tachartasan san àm a dh'fhalbh a rannsachadh.
SOC 2-01a

'S urrainn dhomh fianais eachdraidheil a mhìneachadh bho dhiofar amannan, airson mo chuideachadh a' faighinn dealbh cheart de dhualchas na h-Alba agus den òrdugh anns an do thachair rudan.
SOC 2-02a

Le diofar sheòrsaichean brosnachaidh, is urrainn dhomh mo bheachdan, mo smuaintean agus m' faireachdainn a thaisbeanadh agus a chur an cèill tro dhràma.
EXA 0-13a / EXA 1-13a / EXA 2-13a

Tha mi air dràma le sgrìopt agus gun sgrìopt a chruthachadh agus a thaisbeanadh, a' fàs mothachail air diofar luchd-amais agus shuidheachaidhean.
EXA 2-14a

